

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

1/9/20, Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Donaidd MacAmhlaidh (sa Chathair) Iain Mac a' Mhaoilein
 Marion Nic na Ceàrdaich

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
 Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)
 Donaidd Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
 Nicola Pearson [NP] (Cunntasair)
 Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Claire NicLeòid, Comhairliche HR (airson puing 6)

1. Leisgeulan

1.1 Ceit-Anna NicLeòid

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (4/2/20)

3.1 Molaichte le Iain Mac a' Mhaoilein agus daingnichte le Marion Nic na Ceàrdaich.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

5. Clàr Riosgan/Leantainneach Ghnothaich

5.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear, a' mìneachadh adhartas le cuid de na riosgan agus a' mìneachadh gur e an t-suidheachadh co-cheangailte ri Covid-19 fhathast am prìomh riosg ri làimhseachadh. Chaidh deasbad a chumail mun chlàr air fad.

5.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte leis mar a bhathas a' làimhseachadh nan cunnartan.

5.3 **Gníomhan:** 1) thèid beachdachadh sna mìosan air thoiseach air am bu chòir riosg aithneachadh a thaobh ìrean dèanadais ann an roinnean nam meadhanan sòisealta agus an iPlayer, ri linn na dùblain sònraichte a bh' ann a thaobh 'discoverability' agus an dùil a dh'fhaodadh a bhith ann bho luchd-ùidhe. **(DMD)**

6. KPIs/Dashboard

- 6.1 Bhruidhinn DMD mu na 10 prìomh KPIs a rèir Plana Obrachaidh 2020-21 agus an Dashboard a' leantainn structar a' Phlana Obrachaidh agus a' sealltainn ìre coileantachd (a) na 10 prìomh KPIs agus (b) gach phrìomh slat-tomhais a bha air ainmeachadh sa Phlana Obrachaidh 2020-21.
- 6.2 **Co-dhùnadh:** bha buill toilichte le coltas ùr na KPIs agus Dashboard agus bho seo a-mach thèid treandaichean an sealltainn air an aon dhuilleag.

7. HR

- 7.1 Bhruidhinn DC mun phàipear, a' mìneachadh gnothaichean HR aig deireadh an t-samhraidh, le sùil gu h-àraig air buaidh suidheachadh Covid-19, lathaichean dheth ri linn bochdainn, leasachadh sgilean is àrainneachd obrach le iomradh dha thoirt cuideachd air Beàrn Pàighidh Gnè. Bhruidhinn CM mu thoraidhean suirbhidh an luchd-obrach agus chaidh deasbad a chumail mun phlana-gníomh agus na prìomh raointean leasachaidh san ùine air thoiseach.
- 7.2 Chaidh na leanas a chomharrachadh: a) gu robh feumalachdan sònraichte aig cuid a sgiobaidean gu h-àraig iadsan a bhios ag obair gu cruthachail còmhla; b) gu robhas dol a choimhead ri obair subailte (flexible working) a chuir an sàs far am biodh sin iomchaidh; c) gun tèid coimhead aig ìre Comataidh agus Bùird ri Poileasaidh Fastaidh na buidhne le sùil gun a bhith a' ceangal obraichean bho seo a-mach ris an oifis mura bheil sin riatanach gus cuideachadh le barrachd obraichean a bhith sna coimhleachdan; bho thaobh inghabhalachd/ iomadachd/ co-ionannachd thèid coimhead ri diofar ro-innleachdan agus thèid coimhead ri Employer Brand a chruthachadh.
- 7.3 Chaidh a comharrachadh nach robh na h-uiread de chudrom air uairean oifigeil obrach airson iadsan a tha ag obair bhon taigh agus gur e toraidhean obrach dhaoine air an robh barrachd cudrom. Chaidh aithneachadh gu robh e cudromach gu robh taic agus slatantomhais ann agus deigheadh trèanadh manaidsearan loidhne a chuir air dòigh.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riaraichte leis a' phlana-gníomh le aithneachadh gu robh cuid a rudan a dh'fheumadh tachairt mar phrìomhachasan; 2) gu robh trèanadh an sgioba àrd-stiùridh air leth cudromach; 3) gu robh aithne ann gu bheil an atharrachadh ann an

dòighean obrach a' leantainn Covid gu bhith an dà chuid nan dùbhlain agus nan cothroman agus gum biodh feum air co-dhùnaidhean aig ère bùird air rudan co-cheangailte.

- 7.5 **Gniomhan**: thèid an t-slighe air adhart a dhealbhachadh agus a chuir air beulaibh na Comataidh san t-Samhain, far an tèid coimhead cuideachd ri Poileasaidh Fastaidh na buidhne. **(DC)**

8. Poileasaidhean

- 8.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear a bha a) a' mìneachadh clàr-obrach ùr poileasaidhean na buidhne b) a' toirt iomradh air aithisg gèillidh Poileasaidh Àrainneachd na buidhne agus c) a' cur trì poileasaidhean air an deach lèirmheas a dhèanamh fa chomhair nam ball airson am moladh chun bhùird.
- 8.2 **Co-dhùnad**: 1) bha buill riaraichte leis a' choltas ùr a bh' air clàr nam poileasaidhean agus 2) ghabh iad ri na trì poileasaidhean a bha air am beulaibh – IT, Poileasaidh Innsearachd (Whistleblowing) agus Poileasaidh An Aghaidh Brìbearachd (Anti-bribery)
- 8.3 **Gniomhan**: thèid na poileasaidhean air beulaibh a' bhùird san t-Sultain. **(MAMI)**

9. Fios air ais bho threànadadh Chomataidh

- 9.1 A' leantainn càrsa trèanaidh The Effective Audit & Risk Committee (EARC) - a chaidh a chumail air 17/7/20 agus a bha a' moladh gum biodh Frèam-obrach no Mapa Dearbhaidh aig a' Chomataidh - bha pàipear air beulaibh bhall le geàrr-iomradh agus eisimpleirean air dè seòrsa Mapa Dearbhaidh a dh'fhaodadh a bhith aig MG ALBA, dè bhuaidh a bhiodh aig an sin air In-sgrùdadadh agus dè an ròl a bhiodh a' Chomataidh ag iarraidh a thaobh ionmhais.
- 9.2 Ged nach eil Frèam-obrach no Mapa Dearbhaidh gu h-oifigeil aig a' Chomataidh thathas a' coileanadh nan diofar eileamaidean dheth, nam measg In-sgrùdadadh.
- 9.3 **Co-dhùnad**: 1) gum biodh Frèam-obrach agus Mapa Dearbhaidh iomchaidh; 2) gun deigheadh coimhead air an ròl aig In-sgrùdadadh an lùib sin; 3) gun deigheadh breithneachadh air càite as fheàrr a shuidheadh uallaichean ionmhasail Chomataidhean ann an co-theacs a obair Wylie & Bissett aig coinneamh a' Bhùird; 4) mura biodh uallach air a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh airson cuid de gnothaichean a tha air a bhith aca leithid gnothaichean ionmhasail agus gnothaichean dhaonna, feumar dèanamh cinnteach gu bheil meadhan ann a tha a' glacadh seo; 5) gur dòcha gum biodh e feumail bùth-obrach a chuir dòigh le buill gus deasbad neo-fhoirmeil a chumail mus tèid a chuir air beulaibh a' bhùird san t-Sultain; 6) 's dochas gum bi feum air clàr-obrach na Comataidh a chaidh aontachadh cheana atharrachadh; 7) ma thathas dol a dh'atharrachadh dleastanasan nan Comataidhean,

feumar coimhead ri cò na buill tha suidhichte air gach Comataidh; 8) bhiodh e feumail coimhead ri Meatrags Sgilean a-rithist.

- 9.4 **Gníomhan**: 1) thèid pàipear ullachadh sna làithean air thoisearchd - stèidhichte air deasbad an là an-diugh agus a' gabhail a-steach na h-atharraichean eile a tha an-dràsta fo dheasbad co-cheangailte ri obair Wylie & Bissett – agus thèid a chuaireachadh air a' Chomataidh; 2) thèid beachdachadh air bùth-obrach air Mapa Dearbhaidd a chumail; 3) thèid Frèam-obrach agus/no Mapa Dearbhaidd ullachadh airson na h-ath choinneimh far an tèid coimhead ri In-sgrùdadh ann an co-theacs Frèam-obrach no Mapa Dearbhaidd. **(DC/MAMI)**

10. Pasgan Cunntasachd Q1 2020-21

- 10.1 Bhruidhinn NP mu na cunntasan.
- 10.2 Mhìnic an Stiùiriche Ionmhais gu bheil e ann an còmhraidhean gu cunbalach le na seirbheiseach catharra aig Riaghaltas na h-Alba far a bheil e soilleir gur e an teachdaireachd nach bu chòir do fo-chosgais (underspend) a bhith ann am-bliadhna ma ghabhas a sheachnad. Tha cunnart ann gum bi fo-chosgais a' ciallachadh isleachadh ann am buidseat sa bhliadhna air thoisearch.
- 10.3 Tha an Stiùiriche Ionmhais air lèirmheas a dhèanamh air buidseatan far a bheil dùil ri fo-chosgais am-bliadhna. Tha an sgioba phrògraman air a bhith a' coimhead ri dòighean an fo-chosgais seo aithneachadh (absorb) agus tha grunnan rudan air a bhith air an comharrachadh gus cosgais a thoirt air adhart bho 2021/22 a chuidicheas le bhith a' maoineachadh na riochdachaidhean a chaidh an cuir dheth (deferred productions) ann an 2021/22.
- 10.4 **Co-dhùnadh**: ghabh buill fainear.
- 10.5 **Gníomhan**: bidh ath-thionndadh de bhuidseat 2020/21 air beulaibh a' bhùird san t-Sultain. **(NMG)**

11. GISBE

- 11.1 SpeakGaelic – chaidh innse gu bheileas ag amas air a' phròiseact a thòisearchadh an ath-bliadhna, le gach ire a' cosg mu £0.5m. Ged nach eil cinnt ann mu na bliadhnaichean an dèidh sin, thathas den bheachd gum biodh e nas fheàrr an iomairt a thòisearchadh. Thathas a' feitheamh fios air ais bho BBC Scotland gus faicinn dè na goireasan a chuireas iad chun iomairt. Bidh fiosrachadh air beulaibh a' bhùird san t-Sultain. **(DC)**

12. **Deit na h-ath choinneimh – 3/11/20, Zoom**

Ainm sgrìobhте a' chathraiche:

Deit: